



Neart  
Làitheil

## **Don leughadair**

*Tha na briathran anns an leabhran seo air an tarraing bhon Bhìoball. 'S e ar dòchas gum bi iad a' toirt dhuibh an neart air a bheil feum agaibh agus gum bi iad gur brosnachadh gus tuilleadh den Bhìoball a leughadh dhuibh fhèin.*

# Neart Làitheil

*. . . a-chum tre . . . chomhfhurtachd  
nan sgrìobtar gum biodh dòchas  
againne.*

*Ròmanaich 15:4*



***SGM International***

*3 Eccleston Street  
London SW1W 9LZ*

Tha facal Dhè beò agus  
cumhachdach, agus nas gèire na  
claidheamh dà fhaobhair air bith.  
Eabhraidhich 4:12

Cha till (m'fhacal) am ionnsaigh  
gun tairbhe; ach coileanaidh e  
an nì as àill leam, agus bheir e  
gu buil an nì mun do chuir mi  
a-mach e. Isaiah 55:11

Bheir fosgladh do bhriathran  
solas. Salm 119:130

## Briathran Comhfhurtachd

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:

Na biodh ur cridhe fo thrioblaid:  
tha sibh a' creidsinn ann an Dia,  
creidibh annamsa mar  
an ceudna.

Tha mi a' fàgail sìthe agaibh, mo  
shìth-sa tha mi a' toirt dhuibh:  
chan ann mar a bheir an  
saoghal a tha mise a' toirt dhuibh.  
Na biodh ur cridhe fo thrioblaid,  
agus na biodh eagal air.

Eòin 14:1, 27

Thigibh am ionnsaigh-sa, sibhse  
uile a tha ri saothair, agus fo  
throm uallaich, agus bheir mise  
suaimhneas dhuibh.

Mata 11:28

## A'Chiad Latha

*A Thighearna . . . is duine peacach mi.  
Lùcas 5:8*

Tha Dia a' moladh a ghràidh  
fhèin dhuinne, do bhrìgh  
nuair a bha sinn fhathast nar  
peacaich gun d'fhuiling Crìosd  
bàs air ar son.  
Ròmanaich 5:8

Thubhairt Dia:  
Seadh, le gràdh sìorraidh  
ghràdhaich mi thu;  
uime sin tharraing mi thu le  
coibhneas gràdhach.  
Jeremiah 31:3

Thug Dia dhuinn a' bheatha  
mhaireannach: agus tha  
a' bheatha seo na Mhac.  
1 Eòin 5:11

## **An Dara Latha**

*Daingnich mi, agus bidh mi tèarainte.  
Salm 119:117*

Is e Dia ar tèarmann  
agus ar neart,  
ar cobhair ro-dheas  
ann an teanntachdan.

Salm 46:1

Is e an Dia bithbhuan  
do thèarmann, agus foidhe  
tha na gàirdeanan sìorraidh.

Deuteronomi 33:27

Thubhairt Dia:  
Neartaichidh mi thu;  
seadh, cuidichidh mi thu;  
seadh, cumaidh mi suas thu le  
deaslàimh m'fhìreantachd.

Isaiah 41:10

## **An Treas Latha**

*Na bi-sa fada uam, oir tha àmhghar  
dlùth dhomh.*

*Salm 22:11*

**Thubhairt Dia:**

Gairm orm ann an là  
teanntachd; saoraidh mise thu,  
agus bheir thusa glòir dhòmhsa.

*Salm 50:15*

Tilg air an Tighearna  
do chùram, agus cumaidh esan  
suas thu.

*Salm 55:22*

Falaichidh e mi na sgàth-thaigh  
ann an là an uilc; falaichidh e mi  
ann an diamhaireachd a  
phàillein;  
air carraig togaidh e suas mi.

*Salm 27:5*



## **An Ceathramh Latha**

*Athair, pheacaich mi an aghaidh  
fhlaithheanais, agus ann ad làthair-sa.  
Lùcas 15:21*

Is tròcaireach agus is gràsmhor  
an Tighearna, mall a-chum  
feirge, agus pailt  
ann an coibhneas gràidh.  
Salm 103:8

Thubhairt Dia: Lèighsidh mise  
an cùl-sleamhnachadh,  
gràdhaichidh mi iad gu saor;  
oir thill mo chorraich  
air falbh uaithe.  
Hosea 14:4

Tha thusa, a Thighearna, math  
agus iochdmhor, agus pailt  
ann an tròcair dhaibhsan  
uile a ghairmeas ort.  
Salm 86:5

## **An Còigeamh Latha**

*Tha mise bochd  
agus uireasbhaidheach . . . a Dhè.  
Salm 70:5*

Leasaichidh mo Dhia-sa  
ur n-uireasbhaidh uile, a rèir  
a shaoibhreis ann an glòir,  
tre Iosa Crìosd.  
Philipianaich 4:19

An tì nach do chaomhain  
a Mhac fhèin, ach a thug thairis  
e air ar son-ne uile, cionnas  
maille ris-san nach toir e mar  
an ceudna dhuinn gu saor  
na h-uile nithean?  
Ròmanaich 8:32

Tabhair suas do shlighe  
don Tighearna,  
agus earb as, agus nì e e.  
Salm 37:5

## **An Siathamh Latha**

*Na fàg mi agus na trèig mi, a Dhia.  
Salm 27:9*

(Tha) an Tighearna  
ro-theò-chridheach  
agus tròcaireach.

Seumas 5:11

Nì e mòr-thròcair ort,  
ri guth do ghlaoidh;  
cho luath is a chluinneas e,  
bheir e freagradh dhut.

Isaiah 30:19

Is gràsmhor agus truacanta  
an Tighearna. . . Is dlùth  
an Tighearna dhaibhsan uile a  
ghairmeas air.

Salm 145:8, 19

## **An Seachdamh Latha**

*Thoir orm gun aithnich mi an t-slighe  
anns an còir dhomh imeachd.*

*Salm 143:8*

*Stiùraidh an Tighearna thu  
an còmhnaidh.*

*Isaiah 58:11*

*Thèid an Tighearna e fhèin  
romhad; bidh esan maille riut,  
cha dìobair e thu,  
cha mhò a thrèigeas e thu.*

*Deuteronomi 31:8*

*Is e an Dia seo  
ar Dia-ne  
gu saoghal nan saoghal;  
stiùraidh e  
sinn gu ruig am bàs.*

*Salm 48:14*

## **An t-Ochdamh Latha**

*Thubhairt an Tighearna, Iosa Crìosd:  
Thig mi a-ris, agus gabhaidh mi sibh  
am ionnsaigh fhèin; a-chum far a  
bheil mise, gum bi sibhse  
mar an ceudna.*

*Eòin 14:3*

Tha fhios againn,  
nuair a dh'fhoillsichear esan,  
gum bi sinn cosmhail ris;  
oir chì sinn e mar a tha e.

*1 Eòin 3:2*

Nuair a dh'fhoillsichear Crìosd,  
neach as e ar beatha-ne, an sin  
bidh sibhse mar an ceudna air ur  
foillseachadh maille ris ann  
an glòir.

*Colosiach 3:4*

Seadh, thig, a Thighearna Iosa.  
Taisbeanadh 22:20

## **An Naoidheamh Latha**

*A Tighearna . . . bi-sa ad charraig  
làidir dhomh.  
Salm 31:1, 2*

Cuiribh-se ur dòchas anns an  
Tighearna a-ghnàth, oir anns an  
Tighearna Iehòbhah tha neart  
siorraidh.

Isaiah 26:4

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:

Is leòr mo ghràs-sa dhut: oir tha  
mo chumhachd air a dhèanamh  
foirfe ann an anfhainneachd.

2 Corintianaich 12:9

Iosa Crìosd an-dè,  
agus an-diugh,  
agus gu siorraidh an Tì ceudna.

Eabhraidhich 13:8

## **An Deicheamh Latha**

*Tha mi a' creidsinn, a Thighearna;  
cuidich thusa leim mhi-chreideamh.*

*Marcus 9:24*

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:

Na biodh ur cridhe fo thrioblaid:  
tha sibh a' creidsinn ann an Dia,  
creidibh annamsa mar an ceudna.

*Eòin 14:1*

Tha dearbh-bheachd agam,  
nach bi bàs, no beatha,  
no aingil, no uachdaranachdan,  
no cumhachdan, no nithean a  
tha an làthair, no nithean a tha  
ri teachd, no àirde, no doimhne,  
no creutair sam bith eile,  
comasach air sinne a sgaradh o  
ghràdh Dhè a tha ann an  
Iosa Crìosd ar Tighearna.

*Ròmanaich 8:38-39*

## **An Aonamh Latha Deug**

*Peacaidhean m'òige agus  
m'easaontais, na cuimhnich thusa.  
Salm 25:7*

Thubhairt Dia:  
Na biodh eagal ort,  
oir shaor mise thu;  
ghairm mi thu air d'ainm;  
is leamsa thu.  
Isaiah 43:1

Is mise, mise fhèin, esan a  
dhubhas d'euceartan as,  
air mo sgàth fhèin;  
agus do lochdan  
cha chùm mi air chuimhne.  
Isaiah 43:25

Na biodh eagal ort,  
oir tha mise maille riut.  
Isaiah 41:10



## **An Dara Latha Deug**

*Airson m'euceirt thuit mo neart.  
Salm 31:10*

Is dlùth an Tighearna dhaibhsan  
a tha briste nan cridhe,  
agus saoraidh e iadsan  
a tha brùite nan spiorad.  
Salm 34:18

Bi làidir agus ro-mhisneachail.  
Oir tha an Tighearna do Dhia  
leat anns gach ionad don tèid thu.  
Iosua 1:9

Is ann de thròcairean  
an Tighearna nach eil sinn air  
ar caitheamh, a chionn nach eil  
fàiling air a thròcairean. Tha iad  
nuadh gach aon mhadainn;  
is mòr do dhilseachd!  
Tuireadh Jeremiah 3:22-23

## **An Treas Latha Deug**

*A Thighearna . . . èisd ri guth  
m'athchuingean.  
Salm 28:1, 2*

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:  
Gu deimhinn deimhinn tha mi  
ag ràdh ribh, ge bè nithean a  
dh'iarras sibh air an Athair  
ann am ainm-sa,  
gun toir e dhuibh iad.  
Eòin 16:23

Ge bè air bith nithean a  
dh'iarras sibh nur n-ùrnaigh, ma  
chreideas sibh, gheibh sibh iad.  
Mata 21:22

Gach neach a dh'iarras,  
glacaidh e: agus an tì a shireas,  
gheibh e: agus don tì a  
bhuaileas, fosglar.  
Lùcas 11:10

## **An Ceathramh Latha Deug**

*Eirich, a Thighearna; saor mi.  
Salm 3:7*

Cha do chuir Dia a Mhac  
don t-saoghal a-chum gun  
dìteadh e an saoghal,  
ach a-chum gum biodh an  
saoghal air a shaoradh trìdsan.

*Eòin 3:17*

Ge bè neach a  
ghairmeas air  
ainm an Tighearna  
tèarnar e.

*Ròmanaich 10:13*

Aig an Tighearna  
tha tròcair, agus aigesan  
tha mòr-shaorsa.

*Salm 130:7*

## **An Còigeamh Latha Deug**

*Ar n-Athair . . . saor sinn o olc.*

*Mata 6:9, 13*

Tha Dia dìleas,  
nach leig dhuibh a bhith air ur  
feuchainn thar ur comais;  
ach a nì maille ris an deuchainn  
slighe gu dol as mar an ceudna,  
a-chum gum bi sibh comasach  
air a giùlan.

1 Corintianaich 10:13

Is aithne don Tighearna  
na daoine diadhaidh  
a shaoradh o bhuaireadh.

2 Peadar 2:9

Cha bhi eagal uilc orm,  
oir tha thusa maille rium

Salm 23:4

## **An Siathamh Latha Deug**

*A Dhè . . . glan mi om pheacadh.  
Salm 51:1, 2*

Thigibh a-nis, agus tagramaid ri  
chèile, deir an Tighearna;  
ged robh ur peacaidhean  
mar an sgàrlaid, bidh iad geal  
mar an sneachd;  
ged robh iad dearg mar chorcar,  
bidh iad mar olainn.

Isaiah 1:18

(Tha) ur peacaidhean air am  
maitheadh dhuibh,  
air sgàth (Crìosd).

1 Eòin 2:12

Lotadh e airson  
ar peacadh-ne,  
bhruthadh e airson  
ar n-aingidheachdan.

Isaiah 53:5

## **An Seachdamh Latha Deug**

*A Thighearna, tha mi a' creidsinn gur  
tusa Crìosd, Mac Dhè.*

*Eòin 11:27*

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:

Mar a thog Maois suas an  
nathair anns an fhàsach, is ann  
mar sin as èiginn do Mhac an  
Duine a bhith air a thogail suas:  
a-chum is ge bè neach a  
chreideas ann, nach sgriosar e,  
ach gum bi a' bheatha  
mhaireannach aige.

Oir is ann mar sin a ghràdhaich  
Dia an saoghal, gun tug e a  
aon-ghin Mhic fhèin, a-chum is  
ge bè neach a chreideas ann,  
nach sgriosar e, ach gum bi  
a' bheatha shìorraidh aige.

*Eòin 3:14-16*

## **An Dara Latha air Fhichead**

*Glèidh mi, a Dhè, oir chuir mi  
mo dhòigh annad.  
Salm 16:1*

Is e an Tighearna  
d'fhear-coimhead;  
is e an Tighearna  
do sgàil air do làimh dheis.  
Coimheadaidh an Tighearna thu  
o gach olc; coimheadaidh e  
d'anam. Coimheadaidh  
an Tighearna do dhol a-mach  
agus do theachd a-steach,  
on àm seo eadhon gu bràth.  
Salm 121:5, 7-8

Gleidhidh tu esan ann an sìth  
iomlain, aig a bheil a inntinn  
suidhichte ort, a chionn gun do  
chuir e a dhòchas annad.  
Isaiah 26:3

## **An Treas Latha air Fhichead**

*A Dhè . . . ionnail mi, agus bidh mi  
nas gile na sneachd.  
Salm 51:1, 7*

Glanaidh fuil Iosa Crìosd a Mhac  
sinn o gach uile pheacadh.  
1 Eòin 1:7

Anns a bheil againn saorsa  
tre a fhuil-san,  
maitheanas nam peacadh.  
Ephèsianaich 1:7

Chan eil slàinte  
ann an neach air bith eile:  
oir chan eil ainm  
air bith eile fo nèamh air a  
thabhairt am measg dhaoine,  
tre am faod sinn a bhith air ar  
tèarnadh.  
Gnìomharan 4:12



## **An Ceathramh Latha air Fhichead**

*Cruthaich annam cridhe glan, a Dhè.  
Salm 51:10*

Feuch Uan Dhè,  
a tha a' toirt air falbh  
peacadh an t-saoghail!

Eòin 1:29

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:

Gu deimhinn deimhinn tha mi  
ag ràdh ribh, An tì a tha  
a' creidsinn annamsa tha  
a' bheatha mhaireannach aige.

Eòin 6:47

Feuch, a-nis an t-àm taitneach;  
feuch, a-nis là na slàinte.

2 Corintianaich 6:2

## **An Còigeamh Latha air Fhichead**

*A Thighearna, cuidich leam.  
Mata 15:25*

Tha mise, an Tighearna  
do Dhia, gad chumail suas air  
do làimh dheis; tha mi  
ag ràdh riut, Na biodh eagal ort,  
nì mise cobhair ort.

Isaiah 41:13

Is mise, eadhon mise, an tì a  
bheir dhuibh comhfhurtachd;  
oir is mise  
an Tighearna do Dhia.

Isaiah 51:12, 15

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:  
Chan fhàg mi sibh nur  
dilleachdain:  
thig mi dur n-ionnsaigh.

Eòin 14:18

## **An t-Ochdamh Latha Deug**

*A Dhè . . . na tilg mi od shealladh.  
Salm 51:10-11*

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:

Thigibh am ionnsaigh-sa, sibhse  
uile a tha ri saothair, agus fo  
throm uallaich, agus bheir mise  
suaimhneas dhuibh.

Mata 11:28

An tì a thig am ionnsaigh,  
cha tilg mi air chor sam  
bith a-mach.

Eòin 6:37

Is mise aran na beatha: an tì a  
thig am ionnnsaigh-sa,  
cha bhi acras gu bràth air;  
agus an tì a chreideas annamsa,  
cha bhi tart gu bràth air.

Eòin 6:35

# An Naoidheamh Latha Deug

*A Dhè . . . dubh as m'easaontas.  
Salm 51:1*

Dhubh mi as,  
mar neul, d'euceartan;  
agus mar cheò, do lochdan;  
till rium, oir shaor mise thu.  
Isaiah 44:22

A rèir ar peacaidhean cha do  
rinn e oirnn, agus a rèir ar  
n-euceartan cha tug  
e luigheachd dhuinn.  
Oir mar a tha na nèamhan àrd  
os cionn na talmhainn,  
mar sin tha a thròcair mòr  
don taobh-san don eagal e.  
Cho fad is a tha an àird an ear  
on àird an iar, cho fad is sin  
chuir e uainn ar n-easaontais.  
Salm 103:10-12

## **Am Ficheadamh Latha**

*Chaidh mi air seachran mar chaora  
chailte; iarr d'òglach.*

*Salm 119:176*

Dh'fhuiling Crìosd fhèin aon  
uair airson pheacaidhean, am  
firean airson nan neo-fhìrean,  
a-chum gun tugadh e sinne  
gu Dia.

1 Peadar 3:18

A-nis ann an Iosa Crìosd,  
tha sibhse a bha roimhe seo fad  
o làimh, air ur toirt am fagas tre  
fhuil Chrìosd.

Ephèsianaich 2:13

Air an adhbhar sin chan eil a-nis  
diteadh sam bith don dream sin  
a tha ann an Iosa Crìosd.

Ròmanaich 8:1

## **An Aonamh Latha air Fhichead**

*A Dhè . . . fo sgàil do sgiathan  
falaich mi.  
Salm 17:6, 8*

A' tilgeadh ur n-uile chùraim  
air-san:  
oir tha cùram aige dhibh.  
1 Peadar 5:7

Thubhairt Dia:  
Chan fhàg, agus cha trèig mi  
am feasd thu.  
Eabhraidhich 13:5

Is e an Tighearna mo neart  
agus mo sgiath; annsan chuir  
mo chridhe a dhòchas.  
Salm 28:7

## **An Siathamh Latha air Fhichead**

*A Dhè . . . thoir neart dod òglach.  
Salm 86:14, 16*

Bha thu ad neart don bhoichd,  
ad neart don fheumach na airc;  
ad dhìdean on doinninn,  
ad sgàil on teas.  
Isaiah 25:4

Bidh an Tighearna  
na dhaingneach  
don tì a shàraichear,  
na dhaingneach  
ann an aimsirean teanntachd.  
Salm 9:9

Tha tròcair an Tighearna  
o shìorraidheachd orrasan  
don eagal e.  
Salm 103:17

## **An Seachdamh Latha air Fhichead**

*Eisd, a Dhè, rim ùrnaigh.  
Salm 55:1*

Ma dh'iarras sinn nì sam bith a  
rèir a thoile, gun èisd e rinn.

1 Eòin 5:14

Thigeamaid uime sin le dànachd  
gu rìgh-chathair nan gràs  
a-chum gum faigh sinn tròcair,  
agus gun amais sinn  
air gràs a-chum cobhair  
ann an àm feuma.

Eabhraidhich 4:16

Na biodh ro-chùram nì sam bith  
oirbh: ach anns gach uile nì le  
ùrnaigh agus aslachadh maille ri  
breith-buidheachais,  
biodh ur n-iarrtais air  
an dèanamh aithnichte do Dhia.

Philipianaich 4:6



## **An t-Ochdamh Latha air Fhichead**

*A Thighearna . . . saor mi air sgàth  
do thròcair.  
Salm 31:14, 16*

Thàinig Mac an Duine  
a shireadh agus a thèarnadh  
an nì sin a bha cailte.  
Lùcas 19:10

Dh'fhuiling Crìosd . . . air ur son.  
Neach a ghiùlain ar peacaidhean  
e fhèin na chorp  
fhèin air a'chrann.  
1 Peadar 2:21, 24

Esan thog Dia suas  
air an treas là.  
(Gheibh) gach neach a  
chreideas ann maitheanas nam  
peacaidhean.  
Gnìomharan 10:40, 43

## **An Naoidheamh Latha air Fhichead**

*A Dhia, dèan tròcair ormsa  
a tha am pheacach.*

*Lùcas 18:13*

Chan eil làmh an Tighearna  
air dol an giorrad, air chor is  
nach faod i tèarnadh; cha mhò  
a tha a chluas air fàs mall, air  
chor is nach faod i cluinntinn.

*Isaiah 59:1*

Thàinig Iosa Crìosd don  
t-saoghal a thèarnadh pheacach.

*1 Timòteus 1:15*

Tha e . . . comasach air  
an dream a thig a dh'ionnsaigh  
Dhè tridsan a thèarnadh gu  
h-iomlan, do bhrìgh gu bheil e  
bèo gu sìorraidh gu eadar-ghuidhe  
a dhèanamh air an son.

*Eabhraidhich 7:25*

## **An Deicheamh Latha air Fhichead**

*Is lionmhor do chaomh-thròcairean,  
a Thighearna; . . . beòthaich mi.  
Salm 119:156*

Thubhairt an Tighearna,  
Iosa Crìosd:

Is mise am buachaille math:  
leigidh am buachaille math  
a anam sìos airson nan caorach.

Tha mo chaoraich-sa ag  
èisdeachd rim ghuth, agus is  
aithne dhomh iad, agus leanaidh  
iad mi: agus bheir mi a' bheatha  
mhaireannach dhaibh;  
agus cha sgriosar iad am feasd,  
cha mhò a spionas neach  
air bith as mo làimh iad.

Eòin 10:11, 27-28

Do bhrìgh gu bheil mise beò,  
bidh sibhse beò mar an ceudna.

Eòin 14:19

## **An Aonamh Latha Deug air Fhichead**

*A Thighearna, cuimhnich ormsa  
nuair a thig thu dod rìoghachd.  
Lucas 23:42*

Dia, a tha saoibhir  
ann an tròcair, . . . eadhon air  
dhuinn a bhith marbh ann am  
peacaidhean, cho-bheothaich e  
sinn maille ri Crìosd;  
(le gràs tha sibh air ur tèarnadh;)  
agus cho-thog,  
agus cho-shuidhich e sinn  
ann an ionadan nèamhaidh ann  
an Iosa Crìosd.  
Ephèsianaich 2:4-6

Is e Dia mo shlàinte;  
earbaidh mi,  
agus cha bhi eagal orm.  
Isaiah 12:2

## Neart Làitheil – Salm Salm 23

- 1 Is e Dia fhèin as buachaill dhomh,  
cha bhi mi ann an dìth.
- 2 Bheir e fa-near gun laighinn sìos  
air cluainean glas' le sìth:

Is fòs ri taobh nan aibhnichean  
thèid seachad sìos gu mall,  
A ta e ga mo threòrachadh,  
gu mìn rèidh anns gach ball.

- 3 Tha 'g aiseag m'anam dhomh air ais:  
's a' treòrachadh mo cheum  
Air slighean glan' na fireantachd,  
air sgàth dheagh ainme fhèin.

- 4 Seadh, fòs ged ghluaisinn eadhon trid  
ghlinn dorcha sgàil' a' bhàis,  
Aon olc no urchuid a theachd orm  
chan eagal leam 's cha chàs;

Airson gu bheil thu leam a-ghnàth,  
do lorg, 's do bhata treun,  
Tha iad a' tabhairt comhfhurtachd  
is fuasglaidh dhomh am fheum.

- 5 Dhomh dheasaich bòrd air beul mo nàmh:  
le ola dh'ung mo cheann;  
Cur thairis tha mo chupan fòs,  
aig meud an làin a th'ann.

6 Ach leanaidh math is tròcair rium,  
an cian a bhios mi beò;  
Is còmhnaicheadh an àros Dhè,  
ri fad mo rè 's mo lò.

## Salm 25

1 Dhia, togam m'anam riutsa suas.  
2 Mo Dhia, mo mhuinghinn dheas;  
Am ionnsaigh na leig adhbhar nàir';  
dom eascar gàirdeachas.

3 Fo nàir' is mhasladh na leig neach  
don gnàth bhith feitheamh ort:  
Ach nàire gu robh air an dream  
a nì gun adhbhar lochd.

4 Foillsich do shlighe dhomh, a Dhè,  
ad cheuman teagaisg mi:

5 Is treòraich mi ad fhìrinn ghloin,  
's mo theagasg dèan, a Dhè:

Oir 's tu as Tighearn ann gu dearbh,  
's tu 's slàinte dhomh a-ghnàth,  
Is ort a tha mi feitheamh fòs  
le foighid mhòir gach là.

6 Cuimhnich, a Dhè, do thròcair chaomh,  
do choibhneas làn de ghràdh:

O chian nan cian a ta iad ann,  
san aimsir fad on là.

7 Na cuimhnich peacaidh m'òige dhomh  
's na lochdan a rinn mi;

A rèir do thròcair cuimhnich orm,  
air sgàth do ghràis, a Dhè.

8 Is math 's is dìreach Dia nan dùl:  
is air an adhbhar ud

Do nìthear leis na peacaich thruagh'  
a theagasg anns an ròd.

9 Treòraichidh e na daoine ciùin'  
am breitheanas gu ceart:

'S na daoine mìne teagaisgidh  
na shlighe, Dia nam feart.

10 An tròcair is an fhirinn rèidh  
siud sligh' ar Dè 's gach ball;

Don dream a chumas gealladh ris,  
's nach leig a theist air chall.

11 Sgàth d'ainme, lagh mo chionta fòs,  
oir tha siud mòr, a Dhè.

12 Cò 'm fear don eagal Dia? San t-sligh'  
's ion-roghnaidh seòlaidh e.

13 An seasgaireachd nì 'anam tàmh,  
's le shliochd le ceart an tìr.

14 Tha rùn an Tighearn aig an dream  
don eagal e gu fìor:

Is nìthear leis a chumhnant fòs  
fhoillseachadh dhaibh gu ceart.

15 A ta mo shùilean fhèin a-ghnàth  
ri Tighearna nam feart,

- Airson gun spionar leis mo chos  
gu h-aithghearr as an rib.
- 16 Till thugam, is dèan tròcair orm:  
am aonar tàim, 's fo dhrip.
- 17 Tha teinn mo chridh' a'dol am meud;  
saor mi om àmhghar geur.
- 18 Seall air mo phèin, is m'anshocair,  
's mo pheacaidh lagh gu lèir.

## Salm 27

- 1 'S e Dia mo sholas, is mo shlàint',  
cò chuireas eagal orm?  
'S e neart mo bheatha Dia nan dùl,  
cò chuireas faitcheas fo'm?
- 4 Aon nì a mhiannaich mi o Dhia,  
gu minig iarram e;  
A bhith am chòmhnaidh feadh mo là  
an taigh 's an àros Dhè:
- A-chum gum faicinn fhèin gu glan  
maise Iehòbhah mhòir,  
Gum fiosraichinn 's gum faighinn sgeul,  
na theampall mar as còir.
- 5 Oir nì e m' fhalach 'n àm na h-airc'  
na phàillean: dìon do nì  
An diamhaireachd a phàillein dhomh;  
air carraig cuiridh mi.



7 Le guth mo bheòil tràth èigheam riut,  
thoir èisdeachd dhomh, a Dhè:

Le iochd dèan tròcair orm, is fòir,  
gu gràsmhor freagair mi.

8 Iarr m'aghaidh, nuair a thuir thu rium,  
an sin thuir m'anam leat,

Do ghnùis, is d'aghaidh fhèin, a Dhè,  
sin iarraidh mi gu h-ait.

14 Fuirich gu foighidneach ri Dia,  
glac thugad misneach mhòr,

Is bheir e spionnadh cridhe dhut:  
fuirich ri Dia na glòir'.

## Salm 34

1 Iehòbhah beannaicheam gu h-àrd,  
gach aimsir is gach tràth:

A chliù 's a mholadh ann am bheul  
gu h-ìomraiteach a-ghnàth.

2 Is anns an Tighearna ro-threun  
nì m'anam uail is glòir:

Na daoine sèimh', tràth chluinneas siud,  
nì gàirdeachas gu mòr.

3 Ardaichibh leamsa Dia nam feart,  
molamaid 'ainm le chèil':

4 Dh'iarr mise Dia, chual' e, is bhuin  
mi as gach gàbhadh geur.

- 5 Dh'amhairc iad air, is dhealraich iad;  
gun nàire air an gruaidh.
- 6 Do ghlaodh am bochd, is dh'èisd ris Dia,  
is dh'fhuasgail as gach truaigh.
- 7 Tha aingeal Dhè a' campachadh  
mun dream don eagal e,  
Gam fuasgladh is gan teasairginn  
on trioblaidean gu lèir.
- 8 O blaisibh agus faicibh seo,  
gur math 's gur milis Dia:  
Am fear sin 's beannaicht' e gu beachd  
a dh'earbas as an Triath.
- 9 Fìor eagal Dhè, biodh oirbh, a naoimh;  
oir uireasbhaidh no dìth  
Cha bhi air a luchd eagail-san,  
fìor-chràbhadh dha a nì.
- 10 Bidh easbhaidh air na leòmhnán òg',  
is acras orr' air leth;  
Ach air an dream a dh'iarras Dia  
cha cheilear aon nì math.
- 11 Thigibh, a chlann, is èisdibh rium:  
dhuibh nochdam eagal Dhè.
- 12 Cò 'm fear lem b'àill bhith fada beò,  
chum math gum faiceadh e?
- 13 Coimhead do theanga fhèin on olc,  
's o labhairt ceilg' do bheul.
- 14 Seachainn an t-olc, is dèan am math:  
iarr sìochaint, 's lean gu geur.

- 15 Tha sùilean Dhè air fireanan,  
's a chluas rin glaodh gu fìor.
- 16 Tha gnùis Dhè 'n aghaidh daoibh, a-chum  
an cuimhne sgrios à tìr.
- 17 Do ghlaodh na fireanan ri Dia,  
is dh'èisd e riu gu grad;  
Thug furtachd agus fuasgladh dhaibh  
on àmhghairean air fad.
- 18 Don mhuinntir ga bheil cridhe brùit'  
is dlùth dhaibh Dia gun cheist:  
Nì esan furtachd fòs don dream  
ga bheil an spiorad brist'.
- 19 Is lìonmhor trioblaid agus teinn  
thig air an fhìrean chòir;  
Ach asd' air fad nì Dia nan gràs  
a theasairginn fa-dheòidh.

## Salm 103

- 1 O m'anam, beannaich thus' a-nis  
an Dia Iehòbhah mòr:  
Moladh gach nì an taobh staigh dhìom  
ainm naomha mar as còir.
- 2 O m'anam, beannaich fhèin a-nis  
Iehòbhah mòr do Dhia:  
Na dìochuimhnich na tìodhlacan  
a dheònaich dhut an Triath.

3 'S e mhaitheas dhut gu gràsmhor caoin  
gach peacadh annad fhèin:

'S e bheir dhut slàint', is furtachd fòs,  
od easlaintean gu lèir.

4 Do bheatha fòs o sgrios a' bhàis,  
's e dh'fhuasglas dhut gu pailt:

'S e chrùnas thu le coron gràidh,  
's le tròcair chaoimh gun airc.

5 Le mhaitheas is le thìodhlacan  
sàr-lìonaidh e do bheul:

'S tha d'òige air a nuadhachadh  
mar iolair luath nan speur.

6 Air sgàth na muinntir ud, a tha  
le fòirneart air an claidh,

Ceartas is breitheanas faraon,  
's e Dia nì dhaibh gun dìth.

7 Do Mhaois an neach a b'òglach dha  
a shlighe chuir e 'n cèill:

Is mar an ceudna ghnìomharan  
do chlannan Israèil.

8 Tha 'n Tighearn iochdmhor tròcaireach,  
's mall fhearg, 's is pailt a ghràs.

9 Cha bhi e tagradh rinn do shìor  
's cha ghlèidh e fhearg gu bràth.

10 A rèir ar peacaidh iomarcaich,  
dìoghaltas oirn cha d'rinn;

'S a rèir ar ciont' is easaontais  
cha tug e luigheachd dhuinn.

11 Oir mar os cionn na talmhainn tha  
na speuran àrd gach rè,  
Is amhlaidh sin tha thròcair mòr  
don dream don eagal e.

12 Mar tha an àird an ear 's an iar  
a' gabhail fad o chèil';  
'S co fhad a chuireas Dia nan gràs  
ar peacaidh uainn gu lèir.

13 Amhlaidh mar ghabhas athair dàimh  
is truas da leanban maoth,  
Mar sin da fhìor luchd-eagail fhèin  
Dia gabhaidh truas gu caomh.

14 Oir 's aithne dhàsan agus 's lèir  
ar cruth 's ar dealbh gu ceart;  
Gur duslach talmhainn sinn air fad,  
is cuimhne leis gu beachd.

15 An duine truagh, a ta a làith'  
amhlaidh mar fheur a-ghnàth;  
Mar bhàrr na luibh' air machair fòs  
a ta e fàs fo bhlàth.

16 Oir gabhaidh thairis osag ghaoith',  
's cha bhi e idir ann;  
'S chan fhaicear e san ionad ud  
an robh e fàs gu teann.

17 Ach mairidh tròcair Dhè gu sìor  
don dream don eagal e,  
Is fòs do chloinn an cloinne-san  
bidh fhìreantachd gach rè:

- 18 Don aitim ud a chumas ris  
an cùmhnant rinn e riu:  
'S a chuimhnicheas 'uil' àitheantan,  
a-chum gun dèant' iad leo.
- 19 Dia shocraich anns na nèamhan àrd'  
a chathair rioghail fhèin;  
A rioghachd tha an uachdar fòs  
os cionn gach nì fon ghrèin.

## Salm 121

- 1 Mo shùilean togam suas a-chum  
nam beann, on tig mo neart.
- 2 On Dia rinn talamh agus nèamh,  
tha m'fhurtachd uile teachd.
- 3 Cha leig dod chois air chor air bith  
gun sleamhnaich i gu bràth:  
Tàmh-neul cha tig sin air an neach  
's fear-coimhid ort a-ghnàth.
- 4 Feuch, air fear-coimhid Israeil,  
cadal chan aom no suain:
- 5 'S e Dia d'fhear-coimhid; 's e do sgàil  
air do làimh dheis gu buan.
- 6 A' ghrian cha bhuaill i thu san là,  
no ghealach fòs san oidhch'.
- 7 Nì Dia do choimhead o gach olc:  
nì d'anam dhìon a-chaidh.

8 Do dhol a-mach, 's do theachd a-steach,  
coimheadaidh Dia a-ghnàth;  
On aimsir seo a-nis a th'ann,  
's o sin a-mach gu bràth.

## Salm 145

1 Ardaicheam thu, mo Dhia 's mo Rìgh;  
d'ainm beannaicheam gu bràth.

2 Dod ainm am feasd bheir mise cliù;  
àrdaicheam thu gach là.

3 Tha Dia Iehòbhah mòr gu dearbh;  
ionmholt a Dia gu mòr:

Chan fhaodar meud a mhòrachd-san  
a rannsachadh gu leòr.

8 Tha 'n Tighearna ro-ghràsmhor caoin,  
is làn de thruacantachd;

A ta e mall chum feirg', is fòs  
pailt ann an tròcaireachd.

9 Is math Iehòbhah do gach dùil;  
tha thròcair chaomh gu beachd

Os cionn gach obair agus gnìomh  
a rinneadh leis le neart.

17 Tha Dia na uile shlighean ceart,  
is naomh na uile gnìomh.

18 'S dlùth Dia do mheud 's a ghairmeas air,  
seadh, ghairmeas air gu fìor.

19 Deagh mhiann gach neach don eagal e,  
coileanaidh e gu pailt;  
Is èisdidh esan fòs rin glaodh,  
saoraidh e iad nan airc.

20 An dream tha 'tabhairt gràidh do Dhia  
dhaibh nì e tèarmann deas;  
Ach fòs na h-aingidh olc gu lèir  
do nì e fhèin an sgrìos.

21 A' luaidh air cliù Iehòbhah thrèin,  
bithidh mo bheul gun cheist:  
'Ainm naomha beannaicheadh gach feòil,  
gu sìorraidh buan am feasd.



## Urnaigh

Ar n-Athair a tha air nèamh,  
gun naomhaichear d'ainm,  
gun tigeadh do rìoghachd,  
gun dèanar do thoil  
air an talamh mar a nìthear air nèamh.  
Tabhair dhuinn an-diugh  
ar n-aran làitheil.  
Maith dhuinn ar peacaidhean  
amhail mar a mhaitheas sinne do  
ar luchd-fiach.  
Agus na leig ann am buaireadh sinn,  
ach saor sinn on olc,  
oir is leatsa an rìoghachd  
agus an cumhachd  
agus a' ghlòir  
gu sìorraidh. Amen.

Mata 6:9-13

B. © Comann-Bhioball Duthchail na h-Alba  
Gaelic: Scots DS

GLS